

<p>Dreachd Ro-innleachd 2030 Seirbheis Charbadan-eiridinn na h-Alba Freagairt Bhòrd na Gàidhlig 30 Ògmhios 2022</p>	<p>Scottish Ambulance Service Draft 2030 Strategy Bòrd na Gàidhlig Response 30 June 2022</p>
<p>Tha an sgrìobhainn ro-innleachd a’ toirt iomradh air raon de phlanaichean agus ro-innleachdan SAS. Mar eisimpleir, am Plana Leasachadh Eagrachaidh agus an Ro-innleachd Rannsachaidh, Leasachaidh agus Ùr-ghnàthachaidh. Tha sinn a’ moladh gu bheil an sgrìobhainn ro-innleachd cuideachd a’ toirt iomradh air Plana Gàidhlig SAS agus am Plana Nàiseanta Gàidhlig. Tha a’ chiad fhear sin a’ cur an cèill gu bheil “Seirbheis Charbadan-eiridinn na h-Alba an geall air na miannan agus amasan anns a’ Phlana Ghàidhlig Nàiseanta agus Achd na h-Gàidhlig (Alba) 2005”.</p> <p>Le bhith a’ toirt iomradh air Plana Gàidhlig SAS - agus mar a tha e air a’ Ghàidhlig a chleachdadh gu soirbheachail ruige seo - bidh sin na chuideachadh ri ìomhaigh agus ìre-chleachdaidh na Gàidhlig àrdachadh am measg buidhnean poblach eile. Tha sin cudromach oir tha Plana Gàidhlig SAS a’ cur an cèill “gun dèan sinn na buidhnean sin leis a bheil sinn ag obair mothachail air a’ phlana Ghàidhlig againn” agus gu bheil SAS “ag aithneachadh na pàirt chudromach as urrainn dha a chluich ann a bhith ag àrdachadh faicsinneachd na Gàidhlig”.</p> <p>Tha an sgrìobhainn ro-innleachd ag ràdh “nach urrainn dhuinn an Ro-innleachd seo a libhrigeadh leinn fhèin”. Ach, tha seo feumach air “co-obrachadh èifeachdach leis ar n-euslaintich, a’ phobaill agus com-pàirtichean” - a tha a’ gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Mar an ceudna, chan e san aire gun libhrig Bòrd na Gàidhlig am Plana Nàiseanta Gàidhlig leis fhèin. Tha e cudromach air an adhbhar sin gun toir buidhnean iomradh air na Planaichean Gàidhlig aca ann an sgrìobhainnean ro-innleachd.</p>	<p>The strategy document refers to a range of SAS plans and strategies. For example, the Organisational Development Plan and the Research, Development and Innovation Strategy. We strongly advocate that the strategy document also refers to SAS’s Gaelic Language Plan and the National Gaelic Plan. The former states that “The Scottish Ambulance Service is committed to the aspirations and objectives included in the National Gaelic Language Plan and the Gaelic Language (Scotland) Act 2005”.</p> <p>Referring to SAS’s Gaelic Language Plan - and its successful use of Gaelic to date - will help increase the profile and uptake of Gaelic among other public organisations. That is important because SAS’s Gaelic Language Plan states that “we will make those organisations with whom we work aware of our Gaelic language plan” and that SAS “recognises the important part it can play in increasing the visibility of the Gaelic language”.</p> <p>The strategy document states that “we cannot deliver this Strategy alone”. Rather, this requires “effective collaboration with our patients, public and partners” - which include Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Likewise, it is not intended that Bòrd na Gàidhlig delivers the National Gaelic Plan alone. Hence the importance of organisations referring to their Gaelic Language Plan in strategy documents.</p>

Tha sinn a' cur fàilte air a' phrionnsabal "gun tèid na seirbheisean againn a phlanadh, a dhealbh agus a libhrigeadh timcheall air daoine agus am fèin-fhiosrachadh beò". Bu chòir iomradh a bhith air a thoirt an seo air cànanan leithid Gàidhlig. Tha am Plana Gàidhlig SAS a' toirt iomradh air cho cudromach 's a tha e "ar neuslaintich a làimhseachadh mar dhaoine fa leth, ag aithneachadh am feumalachdan diofraichte a' gabhail a-steach an cànan as fheàrr leotha".

Bhiomaid an dùil gum biodh seo a' gabhail a-steach fiosrachadh a thoirt seachad anns a' Ghàidhlig far a bheil seo a' toirt dealbh air feumalachdan coimhearsnachd. Leigidh seo airson com-pàirt nas èifeachdaiche leis na coimhearsnachdan seo, mar sin a' faighinn bhuilean nas fheàrr. A' dol air adhart bidh feum air SAS feumalachdan caochlaideach de choimhearsnachdan sònraichte aithneachadh far a bheil cleachdadh na Gàidhlig a' fàs.

Ach, tha e coltach gu bheil iomraidhean an làrach-lìn SAS air a' Ghàidhlig cuingealaichte ri susbaint a' Phlana Gàidhlig aca. Chan eil coltas gu bheil fiosrachadh ann air, mar eisimpleir, an solar Gàidhlig a tha ri fhaighinn airson euslaintich agus coimhearsnachdan. Feumar dèiligeadh ri seo:

- Gus dèanamh cinnteach à cothromachd làimhseachaidh.
- Gus dleasan SAS a' nochdadh anns a' Phlana Gàidhlig aca fhèin.

Tha sinn a' cur fàilte air "gun toir SAS cùram èifeachdach, sàbhailte agus co-fhaireachdainneil dha muinntir na h-Alba". Mar phàirt de seo bu chòir dhan sgrìobhainn ro-innleachd aithneachadh gu bheil e a' toirt an dà chuid sòlas agus fois-inntinn dha euslaintich a bhith a' bruidhinn riutha anns a' phrìomh chànan aca nuair a tha iad tinn no iomagaineach.

Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air gun gabh SAS "ri modh-obrach a tha stèidhichte air co-ionannachd agus còrichean daonna". Dh'fhaodadh an sgrìobhainn ro-innleachd iomradh feumail a thoirt air SAS a bhith a' conaltradh ann an raon de chànanan - Gàidhlig nam measg - leis gu bheil bunait chànanach aig còraichean daonna seach bunait chultarach a-mhàin.

We welcome the principle that "Our services will be planned, designed and delivered around people and their lived experience". There should be a reference here to languages such as Gaelic. SAS's Gaelic Language Plan refers to the importance of "treating our patients as individuals acknowledges their differing needs including their preferred language".

We would expect this to include providing information in Gaelic where this reflects the needs of a community. This will allow more effective engagement with these communities and thus achieve better outcomes. Going forward this will require SAS to recognise the changing needs of specific communities where there is growth in the use of Gaelic.

However, the SAS website's references to Gaelic appear to be limited to the content of its Gaelic Language Plan. There does not appear to be information on, for example, the Gaelic-based provision that is actually available for patients and communities. This needs to be addressed:

- To ensure equity of treatment.
- To reflect SAS's obligations in its own Gaelic Language Plan.

We welcome that SAS "will provide the people of Scotland with compassionate, safe and effective care". As part of this the strategy document should acknowledge that when patients are unwell or distressed conversing with them in their main language provides both comfort and reassurance.

We also welcome that SAS "will adopt an equality and human rights-based approach". The strategy document could usefully refer to SAS communicating in a range of languages - including Gaelic - given that human rights have a linguistic basis rather than simply a cultural one.





Bòrd na Gàidhlig,
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454
oifis@gaidhlig.scot
www.gaidhlig.scot

